



CÒMHRADH

A



DHÌTH?

DÈ TH' ANN AN COMHAIRLEACHADH?

Tha trioblaidean aig a h-uile duine uaireannan a chuireas dragh no iomagain oirnn agus chan eil e daonnan furasta bruidhinn ri càirdean is caraidean. 'S urrainn dhut bruidhinn ri comhairliche ann an dòigh eadar-dhealaichte; ann an dìomhaireachd, cha toir iad breithneachadh seachad is chan innis iad dhut dè dh'fheumas tu dèanamh. Lorgaidh tu do shlighe fhèin air adhart is an tuilleadh misneachd ann an comhairleachadh agus fàsaidh tu nas eòlaiche air na neartan agad fhèin.

DÌTH FÈIN-LUACH NO MISNEACHD	BURRAIDHEACHD
FO UALLACH NO IOMAGAIN	DUILGHEADASAN CÀIRDEIS
UALLACH NA SGOILE NO NA H-OBRACH	DUILGHEADASAN TEAGHLAICH
FÈIN-DHOCHANN	A' CAOIDH NEACH DAIMH

AN T-SEIRBHEIS

Tha na comhairlichean againn air an trèanadh le teisteanasan nàiseanta agus tha an t-seirbheis fosgailte don a h-uile duine òg gu 18 bliadhna a dh'aois, ma tha iad anns an sgoil fhathast gus nach eil. Thèid an fheadhainn aig an sgoil fhathast fhaicinn rè uairean na sgoile ach faodar seiseanan a chur air dòigh ann an àiteachan freagarrach eile. Tha an t-seirbheis dìomhair ach ann an suidheachadh far a bheil thu fhèin no neach eile ann an cunnart agus thèid seo a mhìneachadh gu h-iomlan aig a' chiad sheisean. Tha comhairleachadh ri fhaotainn anns a' Ghàidhlig aig Àrd-sgoil a' Phluic.

ÙIDH AGAD ANN?

Faodaidh tu ceist a chur oirnn no seisean a chur air dòigh le bhith a' bruidhinn ris an tidsear taic agad no a' cur fios thugainn fhìn. Anns a' chiad sheisean, gheibh thu a-mach dè th' ann an comhairleachadh agus ciamar a fhreagradh e ort fhèin agus, ma tha thu fhèin is an comhairliche am beachd a dhol air adhart, cuiridh sibh seiseanan cunbhalach air dòigh.

CUIR FIOS

JEAN NICGILLÌOSA
PRÌOMH CHOMHAIRLICHE

01599 530930 (airson brath fhàgail)
07881 981519 | jean.ncs@aol.co.uk

Ionad-slàinte Loch Aillse
Rathad an Stèisein, Caol Loch Aillse, IV40 8AE

Airson sgoilearan Àrd-sgoil a' Phluic:

SHEILA M. HAMILTON
COMHAIRLICHE

07585 921686 | sheila.ncs@aol.co.uk

This service is supported by Highland Council and the RS MacDonald Charitable Trust

CounsellingCare: An t-Eilean Sgitheanach is Loch Aillse - Carthannas Albannach Corpaichte Àireamh: SC033321